

16/6/22

MG ALBA Board Room/Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnullach; Marion Nic na Ceàrdaich; Ceit Anna NicLeòid; Calum MacLeòid; Iain Mac a' Mhaoilein; Lisa Annette; Màiri Kidd; Rhoda NicDhòmhnaill

Luchd-obrach: Dòmhnull Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)  
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)  
Ealasaid Dhòmhnullach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)  
Mairead Chamshron [MC] (Deasaiche Coimseanaidh & Ceannard Co-bhanntachdan  
Cruthachail) - *airson puinean 13-16*  
Donaidh Dòmhnullach [DD] (Manaidsear Gníomhachais)  
Sarah NicDhòmhnaill [SMC] (Cunntasair)  
Emma NicLeòid (a' sgriobhadh geàrr-chunntas)  
Nevil Lee (airson puinean 9)

Chuir an Cathraiche fàilte air gu robh buill a' bhùird cruinn còmhla. Chaith meal-a-naidheachd a chuir air na sgiobaidhean airson an cuid obrach rè na h-ùine sin agus airson nan duaisean a chaidh a ghleidheil. Chaith taing a bhuileachadh air buill a' Bhùird cuideachd airson an cuid misneachd agus taic aig àm a bha gu math dùblanach.

**1. Leisgeulan**

1.1 Cha robh gin.

**2. Gnothach dearbhte**

2.1 Cha robh gin.

**3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

- a) 9/3/22 – aontaichte.
- b) 24/3/22 (An Clò Mòr) – aontaichte.
- c) **Co-dhùnadhbh:** an dèidh do bhuill fainear a ghabhail do gheàrr-chunntasan nan coinneamhan mu dheireadh agus do bhuill fainear a thoirt do na gnothaichean ag èirigh, dh'aontaich am Bòrd ris a' gheàrr-chunntas agus chomharrach am Bòrd na gnothaichean ag èirigh.

- d) **Gníomh:** feumaidh buill a' bhùird smaoineachadh air na rudan a bhios agus nach biodh math mu dheidhinn bòrd aonadach. Thèid an ath choinneimh a għluasad bhon t-Sultain chun Dàmhair.

#### 4. Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 4.1 Chaidh innse le Cathraiche na Comataidh gur e an rud as mothà a thàinig a-mach às a' choinneamh gur e ciamar a nì iad tomhas air adhartas ann an dòigh nas fheàrr.
- 4.2 Tha obair fhathast ri dhèanamh air a' chiad loidhne dòn ann an co-theacsa Frèama-obrach Dearbhaidh le dùil gun deigheadh adhartas a dhèanamh air an sin ron ath choinneamh Comataidh.
- 4.3 Bha a' Chomataidh air aithneachadh gu feumar a bhith soilleir le cò tha a' dèanamh cosgais agus cò tha a' dèanamh sgrùdad, agus gum biodh na Riaghailtean Ionmhasail gan atharrachadh.
- 4.4 Chaidh bruidhinn air fèin-measadh na Comataidh agus mar a dh'haodadh sin a leasachadh.
- 4.5 An dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.

#### 5. Comataidh a' Chathraiche

- 5.1 An dèidh do bhuill fainear a ghabhail de na puingean a bha fo dheasbad aig a' Chomataidh, chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear den gheàrr-chunntas.
- 5.2 Chaidh innse nach robh Ofcom air töiseachadh air pròiseas airson Cathraiche ùr fhathast. Bhiodh iomadachd agus èolas riaghachais an lùib an dùil tron phròiseas. Bhathas a' moladh gu faodadh Ofcom bruidhinn ris a' Bhòrd fhèin nam biodh sin gu feum.
- 5.4 Bha buill a' bhùird riaraichte le Amasan an Aird-Oifigear.
- 5.5 Chaidh còmhradh a chumail gu priobhaideach leis an Àrd-Oifigear gus cluinntinn mun naidheachd gum biodh an Stiùiriche Susbaint gu bhith a' gluasad gu obair eile.

#### 6 Clàr Riosgan

- 6.1 Bha pàipear agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall agus chaidh deasbad coileanta a chumail. Chaidh bruidhinn mun mholadh aig a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh gum bu chòir dhan Chomataidh a bhith a' dèanamh moladh air gníomh air na trìriosgan as mothà.
- 6.2 An dèidh do bhuill fainear a ghabhail do na puingean a thog a' Chomataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh mun Chlàr Riosgan, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a thogail mu phrìomh riosgan na buidhne, dhearbh am Bòrd gu robh iad riaraichte gu robh na riosgan a bha fa chomhair na buidhne aithnichte gu h-iomchaidh agus, chun na h-ìre a tha comasach, air an lùghdachadh le gníomh no le leasachadh.

- 6.3 Aig an aon àm bha buill aontaichte gu robh feum air coimhead ri miann riosg a' Bhùird an toiseachd le buidheann/neach bhon taobh a-muigh agus an uair sin gu robh feum air coimhead ri Clàr nan Riosgan a dh'fhaicinn robh na riosgan ceart air an ainmeachadh.
- 6.4 **Gníomh:** 1) thèid seisean miann riosg a' bhùird a chuir dòigh ann an co-chomhairle leis a' Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh; agus 2) thèid fainear a thoirt do phuingean a chaidh an togail mu structar a' chlàr riosgan – tha obair a dhith air ciamar a bhios an clàr seo ro-ghníomhach (proactive) agus dè tha an Clàr Riosgan a' ciallachadh. (**Gníomh: MAMI**)

## 7. Dèanadas & KPIs

- 7.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigear agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta; coileantachd amasan (KPIs) MG ALBA a' Phlana Obrachaidh bliadhnaile; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnaile agus chaidh deasbad a chumail.
- 7.2 Chaidh innse gu bheil adhartas agus soillearachadh a' tighinn ann an còmhraidean le luchd-ùidh.
- 7.3 Chaidh còmhradh a chumail mu shuidheachadh airgid na buidhne. Chaidh innse gu bheil seo fo sgrùdadhbh mionaideach làitheil agus gu bheil Riaghaltas na h-Alba air an cumail fiosraichte agus gu bheil iad dòigheil leis an argamaid a thaobh carson a tha cùisean mar a tha iad agus gu bheileas ag obair gus a làimhseachadh.
- 7.4 Bha a' chùis a' sealltann cho cudromach 's a tha e coimhead ri miann ro-innleachd riosg na buidhne airson, am measg eile, companaidhean riochdachaidh.
- 7.5 Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air duaisean Fèis nam Meadhanan Ceilteach.
- 7.6 Chaidh innse gun deach FilmG a-mach gu tagradh, agus fhuair companaidh ùr Astar Media an cùmhnant agus gun d' fhuair Càrn oifigear ùr.
- 7.7 Chaidh innse nach biodh Cuairt Coimseanaidh Samhraidh comasach mura h-atharrachadh an t-airgead, agus chur sin dragh air buill. Chaidh deasbad a chumail.
- 7.8 **Gníomhan:** thèid barrachd fios gu buill mu dheidhinn roghainneadh a dh'fhaodadh a bhith ann airson Cuairt Coimseanaidh a cheadachadh. (**Gníomh: IMT**)

## 8. Planadh 2023 gu 2026

- 8.1 Chaidh còmhradh coileanta a chumail mun phàipear a bha air beulaibh bhall, le aithne gu rachadh tilleadh thuige aig an ath choinneamh agus a-rithist san Dùblachd.
- 8.2 Chaidh deasbad a chumail mu ro-innleachdan mhaoineachadh eadar-dhealaichte (me, calpa, "place-based" msaa), a' toirt a-steach co-nbrachadh le craoladairean agus buidhnean eile. Sa cho-theacsin, bha beachd ann gum biodh e gu buannachd MG ALBA sinn fhìn aithneachadh

mar "dhachaigh eadar-nàiseanta airson meadhanan na h-Alba", gus gluasad-inntinn a dhèanamh air mar a bha maoineadairean gar faicinn.

- 8.3 Chaidh innse gu bheil Riaghaltas na h-Alba a' bruidhinn mu dheidhinn *Cultural Diplomacy Strategy*, agus gu faodadh na meadhanan Gàidhlig a bhith mar phàirt.
- 8.4 Bha còmhraidhean ann mu dheidhinn an fheum airson *cross-promotion* leis a' BhBC. Agus gu robh barrachd putadh a dhith airson an iPlayer.
- 8.5 Chaidh innse gum bi SpeakGaelic air TikTok a dh'aithghearr. Bha ceist air a thogail gum bu chòir SpeakGaelic a bhith air seanailean eile cuideachd.
- 8.6 Chaidh innse gu bheil coinneamhan cudromach a' tighinn suas agus bidh fios às ùr aig an ath choinneamh bùird.
- 8.7 Comharrach buill gu robh ùidh aca san ro-innleachd mhargaidheachd a thaobh BBC ALBA.

#### **9. Cunntasan Reachdail gu 31/3/22 agus Sgrùdadh bhon Taobh a-muigh**

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh fiosrachadh air cunntasan reachdail agus sgrùdadh bhon Taobh a-muigh.
- 9.2 Chaidh innse gu robh an obair a rinn an sgioba ri mholadh oir bha an Aithisg Sgrùdaidh againn math is glan. Bha beagan mholaidhean ann air mar a bu chòir adhartas a dhèanamh ach san fharsaingeachd bha deagh aithisg ann.
- 9.3 Chaidh innse gun robh àrdachadh ann an so-mhaoin làithreach ri linn barrachd phrògraman.
- 9.4 **Co-dhùnadh:** bha buill riaraichte le na cunntasan.

#### **10. Aithisg Bliadhnailean gu 31/3/22**

- 10.1 Bha buill riaraichte. Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba air fad airson an obair mhòr a rinn iad fo stiùir an Àrd-Oifigeir.

#### **11. GISBE**

- 11.1 Cha robh gin.

#### **12. Deit na h-ath choinneimh – 5 agus 6/10/22 – Glaschu**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: